



Ceistean

1. **Dè cho fada 's a sheas an Dàrna Cogadh?**
2. Cò bha os cionn a' phartaidh Nadsaidhich?
3. **Ciamar a thàinig Breatainn gu bhith an sàs anns a' chogadh?**
4. Dè na dùthchannan a rinn an àirde na feachdan caidreabhach?
5. **Ciamar a thàinig Cogadh na Roinn Eòrpa gu crìoch?**
6. Cò an Rìgh a bh' air Breatainn aig àm an Dàrna Cogaidh?
7. **Ciamar a sheall an teaghlach Rìoghail gun robh truas agus co-fhaireachdainn aca ris an t-sluagh?**
8. Dè an dreuchd a bh' aig Winston Churchill aig àm an Dàrna Cogaidh?
9. **Ciamar a chomharraich Breatainn crìoch an Dàrna Cogaidh san Roinn Eòrpa?**

Faireachdainnean

1. Ciamar a tha thu a' smaoinichadh a bha am Prìomhaire Winston Churchill agus ceannardan Caidreabhaich an Taoibh Siar a' faireachdainn anns an uair a thìde no dhà mus deach achd a' ghèillidh armailtich fhoirmeil a shoidhnigeadh?
2. Bha fhathast saighdearan agus seòladairean Bhreatainn air feadh na Roinn Eòrpa. Saoil ciamar a bhiodh iadsan a' faireachdainn nuair a chuala iad gun robh an Cogadh san Roinn Eòrpa a' tighinn gu crìoch?
3. Bha teaghlachan a' feitheamh luchd-gràidh tighinn dhachaigh. Ciamar a bhiodh iadsan a' faireachdainn?
4. Chaill na mìltean am beatha a' dìon dhùthchannan bho fhearg agus ionnsaighean na Gearmailt. Ciamar a bhiodh luchd-bròin aig an taigh a' faireachdainn nuair a chuala iad mu dheireadh a' Chogaidh san Roinn Eòrpa?





**Cò air a bhios daoine
a' cuimhneachadh air Latha VE?**



**A bheil e cudromach gum bi
daoine a' comharrachadh
a' chinn-bliadhna seo?**



**Ciamar a tha thu a' smaoinneachadh
a bha daoine a' faireachdainn
nuair a chuala iad mu Latha Buaidh
san Roinn Eòrpa?**





Gnìomhan sgrìobhaidh

Cruthaich sgeulachd le dealbhan

Tarraing còig ceàrnagan air pìos pàipear.

Inns sgeulachd Latha VE anns na còig ceàrnagan, le bhith a' tarraing dhealbhan.




Gnìomhan sgrìobhaidh

Cruthaich stòiridh-comaig

Ma tha thu airson sgeulachd Latha VE innse ann an riochd comaig, lean an stiùireadh seo:








<https://www.storlann.co.uk/iolaire/activity-comiclife-story-writing/>





Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Stiùireadh

-  Lean ort leis an sgeulachd
-  Faodaidh tu notaichean a sgrìobhadh a chuidicheas tu ga chur ri chèile
-  Tog às faclan bhon làrach-lìn a nì an sgrìobhadh agad nas inntinniche
-  Cleachd diofar fhaclan aig toiseach sheantansan
-  Am faigh thu air tuilleadh bhuadhairean agus cho-ghnìomhairean a chleachdadh?
-  Cleachd faclair airson a bhith cinnteach à litreachadh
-  Cuimhnich gun toir thu an sgeulachd agad gu crìoch



Gnìomh Sgrìobhaidh Leabhar-latha

'S e saighdear a th' annad a' sabaid san loidhne-aghaidh san Roinn Eòrpa. Tha thu air mìosan a chur seachad a' sabaid agus a' strì ris an nàmhaid. Tha thu sgìth is acrach agus tha an cianalas ort.

Sgrìobh duilleag leabhar-latha a dh'innseas ciamar a tha thu a' faireachdainn nuair a chluinneas tu gu bheil an Cogadh san Roinn Eòrpa air tighinn gu crìoch.



Gnìomh Sgrìobhaidh

Sgrìobt airson rèidio

Sgrìobh sgrìobt aithriseach airson prògram rèidio ag innse mu Latha VE.

Thoir iomradh air a' chogadh, air mar a ghèill na Gearmailtich, air a' Phrìomhaire agus an Rìgh, agus air mar a chomharraich an dùthaich crìoch a' Chogaidh san Roinn Eòrpa.

Clàr am pìos airson rèidio air fòn, air tablaid no air inneal eile.

Èist ri prògram naidheachdan BBC Alba no Radio nan Gàidheal airson do chuideachadh.



Gnìomh Sgrìobhaidh

Cruthaich sgeulachd le dealbhan

Tarraing còig ceàrnagan air pìos pàipeir.

Inns sgeulachd Latha VE anns na còig ceàrnagan, le bhith a' tarraing dhealbhan.



Gnìomh Sgrìobhaidh Cruthaich stòiridh-comaig

Ma tha thu airson sgeulachd Latha VE innse ann an riochd comaig, lean an stiùireadh seo:

<https://www.storlann.co.uk/iolaire/activity-comiclife-story-writing/>



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Leum sinn air bus tràth sa mhadainn. Bha am bus làn gu bheul, le teaghlaichean coltach rinn fhèin a' dèanamh air meadhan a' bhaile gus an latha mòr seo a chomharrachadh...



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Aon uair 's gun do ràinig sinn, chaidh ar siabadh sìos an rathad leis an t-sluagh, a h-uile duine a' gluasad còmhla, a' feuchainn dè cho faisg 's a gheibheadh iad air an lùchairt...



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Cha robh dòigh againne air faighinn a-steach am baile, ged a lùigeadh gach duine againn agus an Cogadh san Roinn Eòrpa seachad. Rinn mo mhàthair poit tì. Thug i na cupannan a b' fheàrr a bh' aice bhon dreasair agus gheàrr i pìos an duine den chèic a rinn i feasgar. Shuidh sinn timcheall air a' wireless aig 3f...



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

**'S gann gun creid mi an naidheachd! Tha sinn
a' faighinn dhachaigh. Tha an cogadh marbhtach,
fuilteach seo seachad...**



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

**Chunna mi e, chunna mi e na sheasamh air
a' bhalconaidh. Abair gaisgeach, am Prìomhaire
againne, Winston Churchill...**



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Chaochail mo mhàthair nuair a spreadh boma air Bruach Chluaidh. Cha deach m' athair a ghairm dhan chogadh oir chan eil e gu math – tha e le bhroilleach 's mar sin tha e aig an taigh a' coimhead às ar dèidh. Dh'iarr e orm ruith an-ath-dhoras a thogail a' phàipeir-naireachd. Shuidh sinn aig a chasan ag èisteachd ri mar a bh' air tachairt. An toiseach leugh e...



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Chuir sinn oirnn an t-aodach bu spaideile a bh' againn; deiseachan, frogaichean, brògan gleansach agus grìogagan agus chaidh sinn a-mach dhan t-sràid còmhla ri ar nàbaidhean. Abair gun robh sealladh a' feitheamh rinn an sin...



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Nach bochd nach tàinig an cogadh gu crìoch...



Toiseach sgeulachd airson do ghluasad gu sgrìobhadh

Chan eil wireless againne ach bidh Dòmhnall agus Anna an-ath-dhoras a' leigeil dhuinn a dhol a dh'èisteachd nan naidheachdan ma tha càil a' dol. Thuir iad rinn a bhith thall ro 9f gus dèanamh cinnteach gun cluinneadh sinn e, an Rìgh Deòrsa...

